



## **Mu Astar Media**

'S e companaidh chruthachail a th' ann an Astar Media stèidhichte ann an Steòrnabhagh, gu sònraichte ag obair air pròiseactan Gàidhlig. Bho chaidh a stèidheachadh ann an 2021, tha Astar air a bhith ag obair còmhla ri grunn bhuidhnean gus pròiseactan buadhach a libhrigeadh, a' gabhail a-steach stiùireadh pròiseact FilmG às leth MG ALBA. Tha Astar a' libhrigeadh dòighean ùra agus fuasglaidhean ùr-ghnàthach gus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh agus dha luchd-ùidh aig a bheil Gàidhlig.

'S e companaidh beag ach trang a th' ann an Astar a bheir cothrom do luchd-obrach fàs agus ionnsachadh agus cuideachadh le bhith a' cumadh nan dleastanasan obrach aca thar ùine. Bidh sinn ag obair gu tur air astar, le siubhal cunbhalach gu obair air pròiseactan agus tachartasan air feadh na dùthcha.

## **Sanas Obrach**

Tha sinn a' lorg Co-òrdanaiche Pròiseict. 'S e prìomh dhleastanasan na dreuchd a bhith ag obair air rianachd pròiseact FilmG, a' cumail smachd air clàr de bhùthan-obrach air an libhrigeadh le na h-oidean againn. Bidh uallach air an tagraiche soirbheachail cuideachd airson rianachd sruth-obrach inntigidh FilmG agus dèanamh cinnteach gu bheil sinn air an t-slighe le gach eileamaid den phròiseact.

Bidh aig an tagraiche soirbheachail a bhith a' cuideachadh le pròiseactan eile cuideachd, ag obair a dh'ionnsaigh nan amasan agus nan targaidean a tha ceangailte riutha.

Tha cothrom ann co-rèiteachadh a dhèanamh air cumadh na dreuchd seo, agus tha sinn a' cur fàilte air ceistean no roghainnean ma tha ùidh agad ann a bhith a' sgrùdadh dè cho freagarrach 's a tha thu airson na dreuchd.

## **Stiùireadh airson Iartras:**

Feuch an cuir thu CV agus beagan sheantansan a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort gu [hello@astarmedia.scot](mailto:hello@astarmedia.scot). Tha sinn toilichte gabhail ri tagraidhean ann an Gàidhlig no Beurla.

**Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean: 5f, Dihaoine 13 Sultain 2024**

## Fiosrachadh

Tiotal na h-Obrach	Co-òrdanaiche Pròiseict
<b>Àite</b>	Aig astar
<b>Tuarastal</b>	£25,000 – £30,000 gach bliadhna Sgeama peinnsein tabhartas - 10% tabhartasan fastaiche
<b>Fad</b>	Cùmhnannt chun Ghiblean 2025 (anns a' chiad dol a-mach)
<b>Uairean / Ùine Dheth</b>	37 uair san t-seachdain ach uairean pàirt-ùine ceadaichte 25 latha de shaor-làithean bliadhnail agus 10 latha de shaor-làithean poblach gach bliadhna
<b>Amasan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Libhrigeadh toraidhean àrd-inbhe airson Astar Media agus na buidhnean leis a bheil sinn ag obair</li> <li>• Co-òrdanachadh libhrigeadh FilmG agus pròiseactan eile</li> </ul>
<b>Prìomh Dhleastanasan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Co-òrdanachadh libhrigeadh pròiseict airson FilmG a' gabhail a-steach a bhith a' cumail smachd air libhrigeadh bhùthan-obrach FilmG agus a' stiùireadh sruth-obrach inntrigidh FilmG</li> <li>• Co-òrdanachadh pròiseactan eile</li> <li>• A' toirt taic do na Stiùirichean ann a bhith a' sireadh agus a' libhrigeadh obair agus pròiseactan ùra a' gabhail a-steach a bhith ag obair air tairgsean agus iarrtasan</li> <li>• A' cuideachadh le margaidheachd, conaltradh agus fàs Astar</li> <li>• Dleastanasan coitcheann eile mar a dh'fheumar</li> </ul>

## Sgilean

	Deatamach	Miann
<b>Riathanasan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Fileanta sa Ghàidhlig</li> <li>• Cead dràibhidh agus carbad</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Fo-cheum ann an Gàidhlig no cuspair iomchaidh</li> <li>• Eòlas air a bhith ag obair ann an roinn nam meadhanan</li> <li>• Eòlas air a bhith ag obair ann an dreuchd coltach ri seo</li> </ul>
<b>Feartan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgilean eagrachaidh agus planaidh sàr-mhath</li> <li>• Sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh sàr-mhath (labhairteach agus sgrìobhte)</li> <li>• Comasach air an ùine fhèin a stiùireadh agus deagh bhreithneachadh a dhèanamh ann a bhith a' cur prìomhachas air dòigh a rèir èiginn agus feum</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comasach le siostaman Microsoft</li> <li>• Eòlas air saoghal obrach na Gàidhlig</li> <li>• Cruthachadh susbaint mheadhanan sòisealta</li> <li>• Stiùireadh buidseit</li> <li>• Sgilean riochdachaidh mheadhanan (camara, deasachadh msaa)</li> <li>• Comasan Adobe Suite</li> </ul>